



Tìotal: Dàimhean romansach agus gaolach
Pàirt 2: A’ fuireach còmhla, Pòsadh agus Com-pàirteachasan
Shìobhalta

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn cho cudromach ‘s a tha e a bhith a’ faighinn spèis agus a’ toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus ‘s urrainn dhomh innse carson. HWB 4-44a</p> <p>Tha mi a’ tuigsinn cudromachd agus feum air dealas, earbsa agus spèis ann an dàimhean gràdhach agus gnèitheasach. Tha mi a’ tuigsinn nan diofar cho-theacsan co-cheangailte ri dàimhean mar sin, nam measg pòsadh. HWB 4-44c</p> <p>Tha mi a’ leasachadh sgilean airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu na dàimhean agam agus mo ghiùlan gnèitheasach. Is urrainn dhomh iad sin a chur an sàs ann an suidheachaidhean a dh’fhaodadh a bhith dùbhlach no duilich. HWB 4-46c</p> <p>Tha mi a’ beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo cho-dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Fireanachadh carson a tha dealas, earbsa agus spèis aig teis meadhain a bhith fo chùram agus cùram do chàch. • Mìneachadh cudromachd luachan is amasan co-roinnte ann an cumail suas dhàimhean gràdhach agus gnèitheasach, mar eisimpleir, spèis do chàch a chèile, aonta mu fheise. • Taisbeanadh nan sgilean a tha a dhìth airson suidheachaidhean dùbhlach a làimhseachadh taobh a-staigh dhàimhean, a’ gabhail a-steach dhàimhean feiseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdainn, dearbhachd.

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoine’ òga cho cudromach ‘s a tha cùram dhaibh fhèin agus do dhaoine’ eile ann an dàimhean.
- Gun tuig daoine’ òga gum faod dàimhean inbheach pòsadh, com-pàirteachas shìobhalta agus fuireach còmhla a ghabhail a-steach.
- Gun aidich daoine’ òga na cuideaman a th’ orra gus a bhith ann an dàimhean.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- ‘S urrainn dhomh bruidhinn mu cho cudromach ‘s a tha conaltradh, firinn agus earbsa ann an dàimhean.
- ‘S urrainn dhomh bruidhinn mun t-seòrsa cèile a dh’iarainn, agus mu na bheirinnnsa chun an dàimh.
- Tha mi a’ tuigsinn gum faod inbhich a bhith pòsta, ann an daimh shìobhalta no a’ fuireach còmhla.
- Tha mi a’ leasachadh na sgilean agus a’ mhisneachd gus co-dhùnaidhean a ruighinn mu na dàimhean a tha mi ag iarraidh.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint

Obair

1. Às deidh ruith thairis aithghearr air an t-seisean mu dheireadh, inns gu bheil an leasan an diugh mu na bhios cupallan a' cur romhpa a dhèanamh nuair a tha iad a' smaoinichadh air fuireach còmhla – co-dhiù a tha iad dìreach airson fuireach còmhla, no a phòsas iad no a thaghas iad compàirteachas sìobhalta. Mar thoiseach-tòiseachaidh tha, **FIOSRACHADH BUNAITEACH** mu **Phòsadh, Com-pàirteachas Sìobhalta** agus **Fuireach còmhla** air na 3 slaighdean. Leughaidh iad còmhla agus soilleirich puingeann sam bith.
2. **Còmhradh.** Thoir a-steach an ath phìos-obrach mar chòmhradh ann am buidhnean beaga an toiseach agus an uair sin fios air ais agus còmhradh mar aon bhuidheann mhòr. Cuir an cuimhne gach neach nach eil freagairtean 'ceart' no 'ceàrr' ann nuair a bhios iad a' còmhradh, faodaidh am beachd fhèin a bhith aig gach neach agus bu chòir spèis a bhith aca do bheachdan dhaoin' eile cuideachd. Mìnich gu bheil na puingeann còmhradh seo ag iarraidh nam beachdan acasan, ach cuideachd a' faighneachd dè na beachdan a th' aig na pàrantan/luchd-cùraim aca agus càirdean eile. 'S dòcha mu 5 mionaidean air gach cuspair? Seo na pròimtean:
 - 'S e bun-bheachd seann-fhasanta a th' ann am pòsadh. Tha barrachd teansa nach bi daoine òga ach a' fuireach còmhla. Dè do bheachd? Dè bhiodh daoine aig an taigh a' smaoinichadh?
 - Tha pòsadh no compàirteachas sìobhalta cudromach oir tha e a' sealltainn gu bheil daoine dealasach nan dàimhean. Dè do bheachd? Dè bhiodh daoine aig an taigh a' smaoinichadh?
 - Tha Pòsadh agus Compàirteachas sìobhalta air fàs fad ro choimearsalta, ro dhaor, ach tha daoine a' dìochuimhneachadh na tha e a' ciallachadh a bhith pòsta/ann an compàirteachas sìobhalta. Dè do bheachd? Dè bhiodh daoine aig an taigh a' smaoinichadh?
 - Bu chòir dhut fuireach còmhla ri neach mus pòs thu iad no mus tèid sibh an sàs ann an compàirteachas sìobhalta. Dè do bheachd? Dè bhiodh daoine aig an taigh a' smaoinichadh?
 - Ma tha clann aig cupall, tha e nas fheàrr ma tha iad pòsta, ann an compàirteachas sìobhalta, seach a' fuireach còmhla. Dè do bheachd? Dè bhiodh daoine aig an taigh a' smaoinichadh?
3. **Farpais-cheist CEART/CEÀRR** Iarr air na daoine òga obrachadh ann am buidhnean de dhithis no triùir air **farpais-cheist**. Tha an farpais-cheist (cleachd na slaighdean, iarr air na daoine òga Ceart no Ceàrr a sgrìobhadh mu choinneamh 1-10 air pàipear) seo a' cuideachadh dhaoine òga gus smaoinichadh mu chùisean eile co-cheangailte ri pòsadh, compàirteachas sìobhalta agus a bhith a' fuireach còmhla. Nuair a thathar a' coimhead air na co-dhùnaidhean, tha beagan fiosrachaidh air a thoirt seachad mar mhìneachadh air gach freagairt Ceart/Ceàrr. Brosnaich beagan còmhradh fhad 's a tha sibh a' dol tro na freagairtean, a' dèanamh sgrùdadh air fiosrachadh ceàrr agus beachdan sam bith. Mar eisimpleir: Dè do bheachd air 16 mar an aois aig am faod daoine òga pòsadh/a dhol an sàs ann an compàirteachas sìobhalta? Cuir ris na sgòran mar a thèid thu air adhart agus faigh duais dhan sgioba as fheàrr a nì! No duais dhan h-uile neach!
4. Tha ceist 10 mu **phòsadh-èiginn**. Bu chòir dhut a bhith cinnteach gu bheil a' tuigsinn na cùis' seo. Sna goireasan gu h-ìosal, tha stiùireadh a bharrachd agus pasgan ionnsachaidh rim faighinn ma tha sibh airson barrachd sgrùdadh a dhèanamh air an seo. 'S dòcha gum bi sibh airson a dhol air-loidhne sa chlas agus coimhead air na prìomh phuingeann, a' brosnachadh dhaoine òga gus coimhead a-rithist iad fhèin: <https://www.childline.org.uk/info-advice/bullying-abuse-safety/crime-law/forced-marriage/>

5. Ma tha ùine ann, no mar obair a bheir iad leotha, iarr air na daoine òga na fònaichean/tablaidean aca a chleachdadh airson tuilleadh faighinn a-mach mu phòsadh agus compàirteachas sìobhalta aig Citizens Advice Bureau Scotland: <https://www.citizensadvice.org.uk/scotland/family/living-together-marriage-and-civil-partnership-s/getting-married-s/#h-getting-engaged> airson faighinn a-mach a bheil sìon a bharrachd ann a tha inntinneach air na rinn iad sa chlas?


Ceangal ris an dachaigh

- Tha earrann goirid an cois an leasain **Gaol** a dh'fhaodar a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun bhloc ionnsachaidh seo air dàimhean gaoil agus romansach.
- Dh'fhaodar copaidh dhen fharpais-cheist (air an ath dhuilleig) a thoirt dha na daoine òga a bheir iad dhachaigh agus am brosnachadh gus sgòr an teaghlaich aca a thoirt chun an ath leasain.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Gaol
- Dàimhean ag obair
- Feartan cèile agus a' bruidhinn mu dhàimhean

Nòtaichean Tidseir



Farpais-cheist Ceart/Ceàrr (air slaighdean)

Ceistean

1. Bidh mu 30,000 pòsadh no compàirteachas sìobhalta ann ann an Alba gach bliadhna: Ceart/Ceàrr?
2. Feumaidh tu bhith 18 no nas sine airson pòsadh: Ceart/Ceàrr?
3. Ma bheir thu seachad gealladh-pòsaidh, feumaidh tu do chèile a phòsadh: Ceart/Ceàrr?
4. Tha dà dhiofar seòrsa deas-ghnàth pòsaidh ann: pòsadh sìobhalta no deas-ghnàth chreidmheach: Ceart/Ceàrr?
5. Feumaidh 2 fhianais a bhith aig a' phòsadh/chompàirteachas sìobhalta: Ceart/Ceàrr?
6. Airson pòsadh feumaidh sibh rùn pòsaidh a chlàradh co-dhiù 28 latha ron phòsadh: Ceart/Ceàrr?
7. Ma tha thu pòsta mar-thà no ann an compàirteachas sìobhalta, tha e an aghaidh an lagh pòsadh/a dhol ann am compàirteachas sìobhalta a-rithist: Ceart/Ceàrr?
8. Ma gheibh thu sgaradh-pòsaidh no ma bhàsaicheas do chèile, faodaidh tu pòsadh/a dhol ann am compàirteachas sìobhalta a-rithist: Ceart/Ceàrr?
9. Mura h-eil thu pòsta no ann an compàirteachas sìobhalta ach thu a' fuireach còmhla ri cèile, 's e pòsadh-lagh-cumanta a chanar ris agus tha e a' ciallachadh an aon rud. Ceart/Ceàrr?
10. Tha e an aghaidh an lagh pòsadh a sparradh air neach gun aonta làn agus saor-thoileach agus tha e an aghaidh nan còraichean daonna aca. Ceart/Ceàrr?

Freagairtean

1. **Ceart.**
2. **Ceàrr.** Faodaidh tu pòsadh bho aois 16.
3. **Ceàrr.** Ma chuireas tu fhèin no do chèile romhaibh gealladh pòsaidh a thoirt gu crìch, cha ghabh toirt oirbh pòsadh. San t-suidheachadh seo, chan eil e soilleir san lagh dè bu chòir tachairt do fhàinneachan gealladh-pòsaidh. Bu chòir an fhàinne a thilleadh ma bha e soilleir aig an àm gum feumadh seo tachairt nam briseadh an dàimh sìos. Bu chòir gibhtean a thilleadh ma chaidh an toirt seachad mar phàirt de chùmhnannt pòsaidh. Cha ghabh seo a sparradh air a' chupall leis an lagh ge-tà.
4. **Ceart.** Tha seirbheis chreidmheach a' gabhail a-steach creideamh agus siostaman eile a leithid daonnachas no *humanism*. Gabhaidh seirbheis chreidmheach a chumail an àite sam bith (mar eisimpleir air bòrd bàta no air tràigh). Gabhaidh seirbheis shìobhalta a chumail ann an oifis neach-clàraidh no ann an àite freagarrach sam bith eile (seach air àrainn chreidmheach) a chaidh aontachadh leis a' chupall, mar eisimpleir togalach stàiteil no air a' bhlàr a-muigh.
5. **Ceart.** A bharrachd air a' chupall agus an neach a tha aig ceann na seirbheis, feumaidh dithis luchd-fianais nas sine na 16 a bhith ann.
6. **Ceart.** Feumaidh tu fhèin agus do chèile brath a chur gu **neach-clàraidh na sgìre** far a bheil sibh an dùil pòsadh. Tha an rùn-pòsaidh na ghairm phoblach a chì neach sam bith.
7. **Ceart.** Ma phòsas tu no ma thèid thu a-steach a chompàirteachas san RA nuair a thu ann am fear mar-thà, bidh am pòsadh/an compàirteachas sin a' briseadh an lagh agus cha bhi e a' seasamh. 'S e cùis eucoir a bhiodh an seo.
8. **Ceart.** Ach tha riaghailtean aig cuid de chreideamhan a thaobh cead pòsadh a-rithist aig cuirm chràbhach.

9. **Ceàrr.** Bithear a' cleachdadh an teirm 'lagh-cumanta' (common law) airson fear no bean gu tric ach chan eil seasamh laghail aige. Is e mì-thuigse a th' ann gum bi càraid air 'pòsadh fon lagh chumanta' ma tha iad air a bhith a' fuireach còmhla airson ùine.
10. **Ceart.** Ma tha eagal ort gur dòcha gun tèid do sparradh gu pòsadh san dùthaich seo, no gum faodadh cuideigin san dùthaich seo a bhith an dùil do sparradh gu pòsadh fhad 's a tha thu thall thairis, bu chòir dhut cuideachadh iarraidh sa bhad. Faodaidh tu cuideachadh iarraidh air a Phoileas.